

Slighe Ath-fhiadhachaidh

Dè th' ann an ath-fhiadhachadh?

Thar nam bliadhnaichean tha gniomhachd dhaoine air ciallachadh nach eil uiread àite ann do bheathaichean. Nuair a leigeas sinn le nàdar cuid de na h-àiteachan sin a thoirt air ais, canaigh sinn ath-fhiadhachadh ris.


Gabh cuairt fhiadhaich tro na gailearaidhean againn agus lorg cuid de bheathaichean. Albannach a tha ath-fhiadhachadh a' cuideachadh.

Cuir dath orm!

Tòisich air Ìre 1 – Grand Gallery (Gailearaidh Mòr)

Lorg claiseann na muice-mara spùtaich (sperm whale)

Tha mi a' tilleadh gu uisgeachan na h-Alba a-nis airson gun deach sealg a chasd. Agus tha Sgìrean Dòn Mara a' cuideachadh ath-fhiadhachadh cuantan na h-Alba le bhith a' dòn bheathaichean is àrainnean bho chron.



Dè cho fada thairis a' Ghaileiridh Mhòir a bhiodh bàrr earball na muice-mara?

Tòisich aig bàrr a' ghiallain agus gabh aon cheum mòr gach meatair airson a thomhas.

Snàmh gu ìre 1 – Animal World gallery (gailearaidh Saoghal nam Beathaichean)

Lorg am Bradan Ceann-dubh (Bradan Atlantaig)

Tha mi a' fuireach sa mhuir mar as trice achfeumaidh mi a dhol gu aibhnichean glana, ciùin]airson na h-uighean agam a bhreith.

Cia mheud ugh a chunntas tu?

Theirig suas gu Ìre 3 – Animal Sense gallery (gailearaidh Mothachadh nam Beathaichean)

Lorg am madadh-allaidh

Tha ceudan de bhliadhnaichean bhon a bha mi ann an Alba mu dheireadh.

❓ Tha cuid gam iarraidh air ais gus stad a chur air na fèidh bho bhith ag ithe nan craobhan gu lèir, ach tha daoine eileiomagaineach gun ith mi caoraich cuideachd. An smaoinich thu air dòigh gus a h-uile duine a chumail toilichte?




Suas gu fiatach a-nis gu Ìre 5 – Survival gallery (gailearaidh Mairsinn Beò)

Am faic thu an cat fiadhaich?

Tha mi fhathast ri lorg ann an Alba ach tha crònadh nan coilltean agus tar-bhriodadh (nuair a bhios cat-fiadhaich a' briodadh le cat peata) air mo chur ann an cunnart. Tha luchdsaidheans, mar an fheadhainn aig an taigh-tasgaidh, a' cuideachadh gam dhòn.

Ainmich 2 choltas agus 1 eadar-dhealachadh eadar cat-fiadhaich agus cat peata.



Coltas 1:

Coltas 2:


Eadar-dhealachadh:



A-nis, lorg am biobhair

Chaidh mo thoirt a-steach a dh'Alba a-rithist às dèidh dhomh a bhith air mo shealg à bith grunn cheudan bliadhna air ais. Bidh na damaichean agam a' dèanamh aibhnichean nas slaodaiche agus a' cruthachadh àrainnean fliucha airson tòrr bheathaichean eile.

 Tha an dòigh a bhios mi mi a' gearradh chraobhan gan cuideachadh a' fàs.



Am faic thu cuideachd an Iolaire-mhara?

Chaidh mi à bith san Rìoghachd Aonaichte ann an 1918, ach thòisicheadh mo thoirt a-steach gu soirbheachail bho 1975. A-nis tha còrr is 100 paidhir briodachaидh ann an Alba.

 Faodaidh leud mo sgiathan a bhith eadar 200–240cm! Lorg rud anns an taigh-tasgaidh a tha an aon fhaid ri "leud do sgiathan".

Cuir na faclan seo san àite cheart

Bradan


Biobhair

Iolaire-mhara

Bidh _____ a' togail dhamaichean

a chiùinicheas na h-aibhnichean.

'S toil le _____ a bhith a' breith uighean anns na h-aibhnichean sàbhailte seo, agus mar sin tha iasg blasta gu leòr aig an _____ - _____ ri ithe!



Chan leig thu a leas coilltean no cuantan gus beagan ath-fhiadhachaidh a dhèanamh – cuidichidh fiù bogsa-uinneig de fhlùraichean fiadhaich dùthchasach ar biastagan poileanachaидh agus eòin. Thoibr seo dhachaigh leat agus feuch air a' ghnìomhachd gu h-iosal a dhèanamh gus an raon ath-fhiadhachaidh agad fhèin a chruthachadh!

Maids am beathach ris an rud a tha ga chuideachadh.



Math fhèin, tha thu air crìoch a chur air an t-slighe againn!

A-nis feuch cuid de na gnìomhan air-loidhne againn, leithid a bhith a' dol air safari bhiastagan aig www.nms.ac.uk/explore-our-collections/resources/bug-safari



No thoir sùil air cuid a bharrachd de bheathaichean na h-Alba aig an taigh-tasgaidh a' cleachdadadh google streetview.



◀ Dèan sgan orm!

Freagairtean: Duillieag 1. Bhiodh deireadh earball na muiice-mara faisg air Iomhagh Aransunphis! Duillieag 2. Ochd uighean. Duillieag 3. Bidh Biobhair a, togail dhamaidichean a chìulinicheas na h-aibhinnichean. S tolli le bradan a bhith a, breith uighean anns na h-aibhinnichean sàbhailte seo, agus mar sin tha iasg blasta gu leor aig an Lòair-mhara ri ithe! Duillieag 4. Gràineag – toll san fhèanasa, seillean – flurachéan, losgann – ion.